

Tionndadh Gàidhlig

your

exams 2017



Am fiosrachadh a
dh'fheumas a bhith agad



Tha an leabhran seo ag innse dhut mu na nithean air am feum fios a bhith agad airson nan deuchainnean agad.

San leabhran seo gheibhear fiosrachadh riatanach a dh'fheumas tu a leughadh mus suidh thu na deuchainnean agad, fiù 's ged a tha thu air deuchainnean a shuidhe roimhe.

Cuimhnich: dèan ullachadh, na bi iomagaineach agus dèan do dhìcheall.

Ma tha ceist sam bith agad mu dad sam bith san leabhran seo, bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad. Cuideachd, gheibh thu tòrr fiosrachaidh fheumail aig www.sqa.org.uk/learners

Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad

Clàr-ama

Gheibhear clàr-ama oifigeil nan deuchainnean aig www.sqa.org.uk/timetable. An sin, 's urrainn dhut cuideachd clàr-ama pearsanta a chruthachadh airson nan deuchainnean agad fhèin leis a' ghòireas air-loidhne airson clàr-ama a chruthachadh.

Tha cead aig sgoiltean is colaistean atharrachadh beag a dhèanamh air àm tòiseachaidh nan deuchainnean, 's mar sin bu chòir dhut dèanamh cinnteach às amannan nan deuchainnean agad leis na tidsearan no na h-òraidichean agad.

Dèan cinnteach gu bheil fios agad dè na deuchainnean a tha thu a' dèanamh, càit am bi thu gan dèanamh agus cuin a thòisicheas iad.

SQA apps

Tha appaichean an-asgaidh ann gus do chuideachadh aig àm nan deuchainnean.



Leis an app **MyExams**, faodaidh tu clàr-ama pearsanta a chruthachadh agus fhaicinn, agus 's urrainn dhut a chur ri mìosachain eile, a chur gu caraid an cois puist-d, agus 's urrainn dhut notaichean a chur ris an fhiosrachadh mu na deuchainnean agad.



Leis an app **MyStudyPlan**, cleachdaidh e clàr-ama nan deuchainnean agad agus an ùine a th' agad saor gus plana-ionnsachaidh a dhealbhadh dhut.

Gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh mun dà app aig www.sqa.org.uk/studyplan

Seann phàipearan-deuchainn

'S e dòigh fìor mhath ullachadh airson nan deuchainnean agad, ceistean a chleachdadh a chaidh dha-rìribh a chur air tagraichean ann am pàipearan-deuchainn sna bliadhnaichean a dh'fhalbh. Faodaidh tu an toirt a-nuas, le stiùireadh airson an comharrachadh, bho www.sqa.org.uk/pastpaperinfo

Uidheam

Dèan cinnteach gu bheil fios agad air dè an uidheam a dh'fhaodas tu a chleachdadh agus a dh'fheumas tu a thoirt a-steach leat, leithid pinn agus àireamhair. Bidh fios aig na tidsearan is na h-òraidichean agad air an fhiosrachadh seo.

Chan fhaod thu an uidheam agad a cho-roinn le duine sam bith eile no an uidheam aig tagraiche eile a chleachdadh nuair a tha deuchainn a' dol air adhart.

An Scottish Candidate Number agad



'S e an Scottish Candidate Number (SCN) agad an àireamh aithneachaidh phearsanta agad bhon SQA. Bidh na siostaman againn a' cleachdadh an SCN agad airson na tha thu air a choileanadh a chlàradh. Nì seo cinnteach gum bi am fiosrachadh as ùire san teisteanas agad.

'S urrainn don sgoil no don cholaiste agad innse dhut dè an SCN a th' agad. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air mus dèan thu na deuchainnean agad. Feumaidh tu an àireamh agad a sgrìobhadh gu ceart, snasail agus gu soilleir, air na leabhlanan-freagairt agad.

Faodaidh tu a' chairt SCN aig cùl an leabhraim seo a chleachdadh gus nota a chumail den fhiosrachadh agad. Faodaidh tu a' chairt seo a thoirt a-steach leat don t-seòmar-dheuchainn, ach chan fhaod thu dad sam bith eile a sgrìobhadh oirre. Ma gheibhear fiosrachadh neo-cheadaichte air a' chairt seo, dh'fhaodadh nach tèid gabhail ris a' phàipear agad agus nach fhaigh thu comharra sam bith airson na deuchainnean.

D' ainm agus an seòladh agad

Gus dèanamh cinnteach gum faigh thu an teisteanas agad air latha nan toraidhean, dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart aig an sgoil no a' cholaiste agad – a' gabhail a-steach d' ainm agus an seòladh ceart agad.

Ma dh'atharraicheas am fiosrachadh pearsanta agad, feumaidh tu innse don sgoil no don cholaiste agad mus crìochnaich thu airson làithean-saora an t-samhraidh. Thèid aca air an fhiosrachadh agad ùrachadh air an t-siostam mus clò-bhuail sinn an teisteanas agad.

MySQA

Faodaidh tu coimhead air an fhiosrachadh phearsanta agad le bhith logadh a-steach don chunntas MySQA agad. Mura h-eil cunntas agad mu thràth, faodaidh tu clàradh airson fear aig www.mysqa.org.uk

Dèan cinnteach gun nochd d' ainm air an teisteanas mar a bu thoigh leat a nochdadh e agus gur e an seòladh am fear far a bheil thu ag iarraidh gun tèid an teisteanas agad a chur.

Dìon Dàta

Tha an Data Protection Act 1998 a' dèanamh dìon air fiosrachadh pearsanta a tha an SQA a' cumail mu do dheidhinn, leithid fiosrachadh conaltraidh agus toraidhean. Tha thu nas fheàrr bruidhinn ris an sgoil no a' cholaiste agad mu dheidhinn an fhiosrachaidh phearsanta agad. Ma chuireas tu fios chun an SQA, iarraidh sinn ort dearbhadh cò thu mus urrainn dhuinn bruidhinn riut mu fhiosrachadh pearsanta sam bith. Cuideachd, bidh sinn feumach air cead bhuaht mus urrainn dhuinn bruidhinn ri neach sam bith eile mun fhiosrachadh phearsanta agad, a' gabhail a-steach pàrant no neach-cùraim.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn dìon dàta aig www.sqa.org.uk/accesstoinformation

Na deuchainnean – feumalachdan sònraichte

Ma tha taic a bharrachd a dhith ort no rudeigin sònraichte airson gin de na deuchainnean agad, bu chòir dhut bruidhinn ris an sgoil no a' cholaiste agad.

Air latha na deuchainne

A' nochdadh airson na deuchainne agad

Bu chòir dhut a bhith ann agus deiseil taobh a-muigh an t-seòmair-dheuchainn co-dhiù 10 mionaidean ron àm a bu chòir don deuchainn a bhith tòiseachadh. Ma bhios tu fadalach, feumaidh tu innse don tidsear no don òraidiche a tha os cionn dheuchainnean SQA. Innsidh iadsan dhut a bheil cead agad an deuchainn a shuidhe.

Mura h-urrainn dhut deuchainn a shuidhe air sgàth 's gu bheil thu tinn no air adhbhar sam bith eile, feumaidh tu innse don tidsear no don òraidiche a tha os cionn dheuchainnean SQA cho luath 's as urrainn dhut.

Deasgaichean

Anns a' mhòr-chuid de sgoiltean no colaistean, thèid àireamh deasga no suidheachain a thoirt dhut airson gach deuchainn. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air an àireimh sin mus tòisich an deuchainn.

Luchd-faire

Canar 'luchd-faire' ris na daoine a bhios a' cumail sùil air na deuchainnean agad. 'S e an obair acasan a bhith dèanamh cinnteach gun tèid na deuchainnean agad a chumail a rèir nan riaghailtean agus gu bheil na riaghailtean air an cur an sàs ann an dòigh chothromach. Feumaidh tu stiùireadh sam bith a bheir neach-faire dhut a choileanadh.

Ma thachras rudeigin dhut ris nach robh dùil agad fhad 's a tha an deuchainn a' dol air adhart, leithid gun tòisich thu a' faireachdainn tinn, bu chòir dhut innse don neach-fhaire sa bhad.



San t-seòmar-dheuchainn

Riaghailtean

Chan fhaod na rudan a leanas a bhith agad fhad 's a tha an deuchainn a' dol air adhart:




Fòn-làimhe



Uidheam eileagtronaigeach leithid cluicheadair MP3, iPod, tablet no smartwatch



Leabhar, notaichean, sgeidsichean no pàipear



Cèis pheansailean/cèis àireamhair



Àireamhair — ach a-mhàin ann an cuspairean sònraichte



Faclair — ach a-mhàin ann an cuspairean sònraichte

Nuair a tha rudan àraidh ceadaichte ann an deuchainn, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir riaghailtean an SQA. Faodaidh an tidsear no an t-òraidiche agad comhairle a thoirt dhut mu dheidhinn seo. Le uidheaman eileagtronaigeach, feumaidh tu dèanamh cinnteach nach eile dàta toirmisgte ri fhaotainn no goireasan a bharrachd annta nach eil ceadaichte anns an deuchainn.

Ma tha thu an dùil feum a dhèanamh den faclair agad fhèin ann an deuchainn far a bheil faclairean ceadaichte, feumaidh e a bhith air a sgrùdadh ron deuchainn. Innsidh an tidsear no an t-òraidiche agad dhut ciamar bu chòir sin a bhith air a dhèanamh.

Do ghiùlan

Thèid innse don SQA mu ghiùlan agus gnìomhan mì-fhreagarrach sam bith a dh'adhbhraicheas troimh-a-chèile aig àm na deuchainne agus thèid a' chùis a rannsachadh. Dh'fhaodte gun tèid peanas a chur ort, a' gabhail a-steach a' call chomharran no nach tèid gabhail ris a' phàipear agad, a' ciallachadh nach fhaigh thu comharra sam bith airson deuchainn.

Am measg nan eisimpleirean de ghiùlan mì-fhreagarrach a gheibhear tha:

- Stuthan toirmisgte a bhith agad san t-seòmar-dheuchainn.
- A' leigeil ort gur e neach eile a th' annad san deuchainn no a' leigeil le neach eile an deuchainn a shuidhe dhut.
- Giùlan buaireasach san t-seòmar-dheuchainn.
- A' cleachdadh cainnt no iomhaighean mì-mhodhail, droch-rùnach, oilbheumach no leth-bhreitheach nad leabhran-freagairt.
- A' dèanamh lethbhreac de dh'obair tagraiche eile.
- Co-obrachadh cealgach — ag obair còmhla ri tagraichean eile air obair a bu chòir dhut a dhèanamh leat fhèin.
- Mèirle-sgrìobhaidh — gun a bhith a' comharrachadh stòran fiosrachaidh gu ceart agus/no a' cur a-steach obair neach eile mar gur e an obair agad fhèin a bh' ann.

Pàipearan-cheistean is leabhranan-freagairt

Tha e cudromach gun leugh thu an stiùireadh air aghaidh a' phàipeir-cheistean agad. Dèan cinnteach gun lean thu e gu faiceallach.

Ann an cuid a dheuchainnean, gheibh thu pàipear-cheistean agus leabhran-freagairt fa leth. Ma dh'fheumas tu tuilleadh pàipeir, iarr e bhon neach-fhaire. Le cuid a chuspairean, dh'fhaodadh gum bi tuilleadh dhuilleagan no pàipeir graf ann airson an cur gu feum aig deireadh an leabhrain.

Feumaidh tu am fiosrachadh pearsanta agad a sgrìobhadh gu snasail, soilleir air duilleag aghaidh a' phàipeir-cheistean no an leabhrain-fhreagairt. Ma chleachdas tu duilleagan pàipeir a bharrachd, cuimhnich an t-ainm agad, an SCN agad, agus an sgoil no a' cholaiste agad a sgrìobhadh air gach duilleig agus cuir iad sin am broinn an leabhrain-fhreagairt agad.

Ma tha duilleagan sam bith sa phàipear-cheistean air nach eil ceistean no stiùireadh sam bith, bidh BLANK PAGE (DUILLEAG BHÀN) sgrìobhte orra. Cha bu chòir duilleag sam bith a bhith gu tur bàn.

Obraich tron phàipear gus am faic thu na faclan END OF QUESTION PAPER (DEIREADH A' PHÀIPEIR-CHEISTEAN). Às dèidh nam faclan sin cha bhi an còrr cheistean ann a dh'fheumas tu a fhreagairt no dad ann a dh'fheumas tu a leughadh. Ma lorgas tu duilleag a tha gu tur bàn mus fhaic thu na faclan sin, thoir sin gu aire an neach-fhaire.

Tha sgrìobhadh sam bith às dèidh nam faclan sin a' dèiligeadh ri lagh chòraichean. Cha leig thu leas sin a leughadh.

A' sgrìobhadh do fhreagairtean

Feumaidh tu peann a chleachdadh le inc dubh no gorm. **Na cleachd pinn 'gel'** - faodaidh na freagairtean agad sioladh às no fàs neo-shoilleir leis na pinn sin.

Tha e cudromach gun sgrìobh thu gu soilleir, snasail. Nì an luchd-comharrachaidh an dìcheall gus an obair agad a leughadh, ach dh'fhaodadh nach urrainn dhaibh comharran a thoirt dhut ma tha an sgrìobhadh agad doirbh a leughadh.

Nuair a sgrìobhas tu ann an leabhran-freagairt anns nach eil loidhnichean, feuch gum fàg thu mu 1 cheudameatair eadar na loidhnichean agad.

Ann an cuid a chuspairean faodaidh tu comharran a chall airson mhearachdan ann an litreachadh is puingeachadh. Ma tha uallach ort mun seo, bu chòir dhut bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad.

Ma tha thu air barrachd air aon oidhirp a dhèanamh air ceist a fhreagairt, cuimhnich loidhne a chur tro obair-phròbhaidh no freagairtean a tha thu ag iarraidh a dhubhadh às.



Seilbh is Còraichean

Nuair a chuireas tusa, no an sgoil no a' cholaiste agad, stuthan deuchainn leithid leabhran-freagairt a-steach chun an SQA, tha thu ag aontachadh:

- gum bi iad fo shealbh an SQA
- agus gum faod an SQA feum a dhèanamh dhiubh airson adhbharan teagaisg

Chan fhoillsich an SQA d' ainm no an SCN agad, no nì sam bith eile a chomharraicheas cò thu.

A' fàgail an t-seòmair-dheuchainn

Ma chrìochnaicheas tu tràth no ma tha thu air nas urrainn dhut a dhèanamh san deuchainn, faodaidh tu cead iarraidh bhon neach-fhaire an seòmair-dheuchainn fhàgail. 'S dòcha gun toir iad cead dhut fàgail às dèidh 30 mionaid, ma tha an deuchainn a' maireachdainn nas fhaide na uair a thìde, no às dèidh 20 mionaid ma tha an deuchainn a' maireachdainn uair a thìde no nas lugha.

Mus fàg thu, feumaidh tu an leabhar-freagairt is am pàipear-cheistean agad agus leabhran-dàta sam bith a thoirt don neach-fhaire. Mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu comharran iomlan a' phàipeir sin a chall.



Na toraidhean agad

A' comharrachadh

'S e tidsearan is òraidichean a th' anns an luchd-chomharrachaidh a chaidh a thaghadh gu cùramach leis an SQA air sàillibh an cuid fiosrachaidh agus eòlais air a' chuspair. Tha gach neach-comharrachaidh a' faighinn trèanadh agus thèid sùil a chumail orra gus dèanamh cinnteach gun comharraich iad obair a h-uile tagraiche ann an dòigh chothromach is cunbhalach.

Às dèidh don obair chomharrachaidh a bhith deiseil

Nuair a bhios an comharrachadh dèanta, thèid na comharran bhon deuchainn agad a chur ri comharran sam bith a th' agad airson obair-chùrsa no pàrtean eile den chùrsa agad, leithid taisbeanaidhean no deuchainnean-labhairt. Thèid na comharran sin uile a chur còmhla gus ìre iomlan a thoirt dhut.

Feumaidh an SQA dèanamh cinnteach nach eil e nas fhasa, no nas duilghe, an aon thoradh fhaighinn ann an diofar bhliadhnaichean. 'S e aon dòigh a nì sinn sin, tro choinneamhan gus crìochan nan ìrean a stèidheachadh. Gach bliadhna, às dèidh na h-obrach chomharrachaidh, bithear a' sgrùdadh nan toraidhean airson a h-uile tagraiche bhon a h-uile sgoil is colaiste aig na coinneamhan seo. Bithear a' co-dhùnadh an uair sin dè an comharra as ìsle a dh'fheumas tu fhaighinn gus A, B, C agus D fhaighinn.

An uair sin thèid an teisteanas agad a chlà-bhualadh agus a chur don phost.

A' faighinn nan toraidhean agad

Gheibh thu an teisteanas agad air Dimàirt 8 Lùnastal.

Cuideachd, gheibh an sgoil no a' cholaiste agad na toraidhean agad. Ma tha thu a' dol air adhart gu oilthigh no gu colaiste, gheibh Universities and Colleges Admission Service (UCAS) na toraidhean agad cuideachd.

Mura faigh thu an teisteanas agad air Dimàirt 8 Lùnastal, bu chòir dhut fios a chur chun na sgoile no chun na colaiste agad cho luath 's a ghabhas. Innsidh iadsan dhut dè na toraidhean a fhuair thu, agus obraichidh iad còmhla rinne gus faighinn a-mach dè thachair don teisteanas agad.

MySQA

Tha MySQA a' toirt cothrom tèarainte dhut na toraidhean agad fhaicinn air-loidhne. Faodaidh tu cuideachd roghnachadh na toraidhean agad fhaighinn ann am brath-teacs no ann am post-d bho 8m air Dimàirt 8 Lùnastal, a bharrachd air an teisteanas pàipeir a gheibh thu.

Gus na toraidhean agad fhaighinn ann am brath-teacs no post-d, feumaidh tu clàradh aig **www.mysqa.org.uk** ro 5f air 18 Iuchar, agus feumaidh tu an cunntas agad a chur an gnìomh ro 5f air 19 Iuchar.

Taic

Tha bhidiothan feumail ann, airson an teisteanas agad a mhìneachadh, aig www.sqa.org.uk/certificate. Mura tuig thu an teisteanas agad no ma tha thu a' smaoineachadh gu bheil rudeigin ceàrr air, cuir fios chun na sgoile agad no gu roinn chlàran nan oileanach aig a' cholaiste agad.

Gheibhear freagairtean airson cheistean bitheanta air an làrach-lìn againn aig www.sqa.org.uk/faqs, no faodaidh tu fios a chur thugainn le bhith lìonadh foirm a-steach aig www.sqa.org.uk/candidateenquiryform

Cuideachd gheibhear comhairle bhon SQA's Candidate Advice Line bho Dimàirt 8 Lùnastal gu Dihaoine 11 Lùnastal. Chithear an àireamh-fòn airson sin san litir a thig còmhla ris an teisteanas agad.

Results Services

Tha dà phàirt sa Results Services.

1. Exceptional circumstances consideration service

Bidh an t-seirbheis seo ri faotainn **mus** tèid na toraidhean deuchainn a chur gu daoine. Cuidichidh an t-seirbheis seo tagraichean nach b' urrainn deuchainn a dhèanamh, no daoine a rinn deuchainn far an robh suidheachadh fìor neo-àbhaisteach ann a thug buaidh air cho math agus a rinn iad. Am measg nan nithean a dh'fhaodadh a bhith nan suidheachaidhean fìor neo-àbhaisteach tha cuideigin faisg ort a' bàsachadh no droch thinneas. Cha bhi tinneasan nach eil ro dhona air am meas mar shuidheachadh fìor neo-àbhaisteach.

2. Post-results services

Bidh na seirbheisean seo rim faotainn **às dèidh** do na toraidhean a bhith air an cur gu daoine. Ma tha ceist no dragh aig an sgoil no a' cholaiste agad mu ìre nan comharran a fhuair thu, faodaidh iad sgrùdadh clèireachail (clerical check) iarraidh agus/no ath-sgrùdadh (marking review) iarraidh air comharrachadh a' phàipeir-dheuchainn. Faodar ath-sgrùdadh le prìomhachas iarraidh air comharrachadh ma tha feum agad air toradh gus àite a ghleidheadh ann an oilthigh no colaiste.

Chan fhaod ach sgoiltean no colaistean iarrtasan a chur a-steach airson nan seirbheisean seo. Cha ghabh an SQA ri iarrtasan bho thagraichean, pàrantan, luchd-cùraim no daoine eile.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air na Results Services aig www.sqa.org.uk/resultsservices



Cuimhnich

- ✓ nochd ann an deagh àm — mu 10 mionaidean co-dhiù mus tòisich an deuchainn
- ✓ thoir leat an stuth ceart — pinn le inc dubh no gorm msaa
- ✓ dèan cinnteach gun d' fhuair thu am pàipear-deuchainn ceart
- ✓ sgrìobh d' ainm, an SCN agus an sgoil no a' cholaiste agad air gach pìos obrach a bheir thu seachad
- ✓ sgrìobh gu soilleir, snasail
- ✓ leugh an stiùireadh gu lèir agus èist gu cùramach airson fiosrachadh no stiùireadh a bharrachd bhon neach-fhaire
- ✓ cuir loidhne tro obair-phròbhaidh sam bith nach eil na pàirt den fhreagairt agad
- ✓ fuirich san rùm gus am bi an deuchainn seachad — chan fhaod thu fàgail tràth ach le cead an neach-fhaire
- ✗ na toir leat rudan toirmisgte a-steach don t-seòmar-dheuchainn
- ✗ na giùlain thu fhèin gu buaireasach agus na adhbhraich troimh-a-chèile san t-seòmar-dheuchainn
- ✗ na copaidh bho dhuine eile
- ✗ na co-roinn d' obair le duine sam bith eile
- ✗ na co-roinn an uidheamachd agad le duine sam bith eile
- ✗ na cleachd cainnt no ìomhaighean mì-mhodhail, droch-rùnach, oilbheumach no leth-bhreitheach sna freagairtean agad



Feuch gun srac thu dheth a' chairt agad leis an Scottish Candidate Number.

SCN CARD



Centre Name

Your Name

Date of Birth

Scottish Candidate Number



Important notes:

- Write your centre name, your name, date of birth and SCN on the card.
- Any unauthorised information found on the card will result in the exam entry being cancelled.
- Please advise your centre immediately of any change to your permanent home address.
- Replacement cards cannot be issued.



Ionad-fiosrachaidh Luchd-cleachdaidh F: 0345 279 1000

BD7318 Gearran 2017